



Còrr is 500 marbh ann am 'Blitz' Bhruach Chluaidh

Le Iain Cox, prìomh fhear-naidheachd, agus John Bruce ann an Lunnainn

Bha baile Bhruach Chluaidh air a sgrìos a-raoir le bomairean Nàtsach, ann an ionnsaigh a mhair naoi uairean a thìde. Tha e coltach aig an ìre seo gun robh co-dhiù 500 duine air am marbhadh.

Thuirte neach-labhairt bhon t-seirbhis-smàlaidh gur ann mu naoi uairean a dh' oidhche a shèideadh na dùdaichean airson rabhadh a thoirt gun robh na bomairean air an t-slighe. Bha uimhir de chabhaig air muinntir an àite a' fàgail 's gun do dh'fhàg iad biadh air bùird agus rèidiothan a' cluiche. Ach ma dh'fhàg, tha tòrr aca an-diugh gun fiù 's taigh don till iad.

Dh'inns Tormod Moireach, tidsear ann an Àrd-sgoil Bhruach Chluaidh dhomh mun ionnsaigh. "Bha sinn a' smaointinn an toiseach nach robh e ro dhona oir cha robh na spreadhaidhean ro mhòr. Ach tha e coltach gun do leag iad bomaichean beaga teine an toiseach gus an còrr den fheachd a threòrachadh. Às dèidh sin dh'fhàs na spreadhaidhean gu math na bu mhotha."

"Cha chreid mi gu bheil sràid ann am Bruach Chluaidh anns nach deach cuideigin a mharbhadh," thuirte Lucy Scott, aois dà fhichead 's a còig. "Chaidh fireannach a b' aithne dhomh a mharbhadh san t-sràid againn fhìn nuair a chaidh an taigh aige a leagail. Tha an taigh againn fhèin air a sgrìos. Chan eil fhios a'm dè thachras dhuinn."



**SETS THE SEAL
ON ANY MEAL
H·P SAUCE**



Muinntir Bhruach Chluaidh a' coiseachd seachad air làraich nan dachaighean aca an-dè

Targaidean

Am measg na chaidh a sgrìos tha factaraidh Singer, a bha ga chleachdadh airson buill-airm a dhèanamh, gàrradh-iarainn John Brown agus Stòr-ola an Admiralty. Tha e coltach cuideachd gun deach tasgadh-uisge a' bhaile a ghearradh dheth agus gun do chuir seo maill air na seirbhisean-smàlaidh.

"Chan eil teagamh nach e buille air leth goirt a tha seo," thuirte Daibhidh Kirkwood, Ball Pàrlamaid Bhruach Chluaidh, aig coinneamh-naidheachd an-diugh. "Tha na ceudan a-nochd marbh agus na mìltean gun dachaigh. Ach chan eil ar spiorad briste. Seasaidh Alba ris an nàmhaid seo agus gheibh sinn buaidh."